

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaidh 16mh dhen Chèitean 2021 Ùrnaigh aig 7f

Bidh Ìosa ag ùrnaigh as leth a luchd-leantainn. 'S e firinn shimplidh agus dhomhain a th' ann: bidh Ìosa ùrnaigh as leth a luchd-leantainn. Ann an Soisguel Eòin, nuair a bha Ìosa a' tighinn gu ceann a mhinistrealachd air an talamh rinn e ùrnaigh as leth a luchd-leantainn agus a dheisciobail gu lèir. "Tha mi air na briathran a thug thusa dhomh a thoirt dhaibh," thuirt e, gan teagasg ann an slighean na firinne agus an t-solais. Agus mar sin dh'iarr e air Athair an dìonadh: "Chan eil mise tuilleadh anns an t-saoghal... Athair naoimh, cùm iadsan nad ainm, a tha thu air a thoirt dhòmhsa, airson 's gum faod iad a bhith nan aon mar a tha sinne." (Eòin 17: 6 - 19)

Tha sinn ag ùrnaigh, ann an solas Deasghabhail ar Tighearna, agus a' dùileachadh an Spioraid Naoimh, leis a' chinnteachd seo: gu bheil Ìosa ag ùrnaigh air ar son. Fhad 's a tha na cuingealachaidhean a tha air a bhith oirnn air an togail beag air bheag, tha sinn ag ùrnaigh le cinnt gu bheil Ìosa ag eadar-ghuidhe as leth a luchd-leantainn.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,
tha sinn taingeil dhut airson gach beannachd a fhuair sinn bhuat.
Tha sinn taingeil dhut airson na beatha thug thu dhuinn,
agus airson do làthaireachd anns gach càs.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,
tha sinn taingeil dhut airson gach beannachd a fhuair sinn od Mhac.
Tha sinn taingeil gu bheil e air ùrnaigh a dhèanamh air ar son,
agus gu bheil e fhathast gar togail suas anns gach càs.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,
tha sinn taingeil dhut airson gach beannachd a fhuair sinn bhuat.
Tha sinn taingeil dhut airson na beatha thug thu dhuinn,
agus airson do làthaireachd anns gach càs.
A Thighearna, na do thròcair,

èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,
tha sinn taingeil dhut oir tha thu a' dèanamh fàire air an t-saoghal gu lèir.
Nì fàire oirnn, agus sinn a' toirt taing dhut airson a' Chruthachaidh,
deònaich dhuinn gliocas gus aire nas fhèarr a thoirt air an t-saoghal a thug thu
dhuinn.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,
tha sinn taingeil dhut oir tha do Mhac air èirigh agus chaidh a thogail suas.
Maille ri do shluagh gu lèir, tha sinn ga mholadh agus a' feitheamh air tìodhlac
do Spioraid Naoimh.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,
tha sinn taingeil dhut, oir tha do Mhac, a dh'èirich o na mairbh agus gu nèamh,
fhathast ag eadar-ghuidhe air ar son.

Maille ri do shluagh gu lèir, tha sinn a' guidhe ort gun doirt thu a-nuas oirnn
ath-nuadhachadh agus ath-neartachadh trod Spiorad Naomh.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Dòmhnall G. Dòmhnallach, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)